

An Litir Bheag

le Ruairidh MacIlleathain

An Litir Bheag is a shortened and simplified version of Ruairidh's Litir do Luchd-ionnsachaidh (also available on the BBC website), designed for those who are at an earlier stage of learning Gaelic. The topic each week is the same as Litir do Luchd-ionnsachaidh so that, once the Litir Bheag is mastered, a student of the language might wish to try the full Litir. This is Litir Bheag 53 (which corresponds to Litir 357). Ruairidh can be contacted at roddy.maclean@bbc.co.uk.

Tha mi a' toirt sùil a-rithist air an leabhar aig Seòras Chaluim Sheòrais nach maireann. 'S e an t-ainm a th' air *Muir is Tìr*. Bha Seòras à Beàrnaraigh, air taobh an iar Leòdhais. Bha e eòlach air a' mhuir. Is bha e eòlach air an aimsir.

Seo tòimhseachan dhuibh, stèidhichte air fiosrachadh anns an leabhar: *Tha sibh a' lorg rudeigin air grunn na mara. Air an rud tha na pìosan seo: crùn, gàirdean, fiacail, bas, amhach, gob, calpa, stoc, gualann is fàinne. Dè th' anns an rud air grunn na mara?*

A bheil sibh ag aithneachadh nam faclan sin? Crùn – crown. Gàirdean – arm. Amhach – throat. Calpa – shank. Seo an tòimhseachan a-rithist. *Tha sibh a' lorg rudeigin air grunn na mara. Air an rud tha na pìosan seo: crùn, gàirdean, fiacail, bas, amhach, gob, calpa, stoc, gualann is fàinne. Dè th' anns an rud air grunn na mara?*

Dè thuirt sibh? “Duine”? Oir tha na rudan sin air daoine. Uill, chan e duine a th' ann, ach *acair*. *Acair*. Rud a cheanglas bàta ri grunn na mara.

A bheil sibh fhèin eòlach air na sgòthan? Na seòrsaichean sgòthan anns an adhar? Seo trì seòrsaichean. Dè na seòrsaichean a th' annta? 1. Sgòthan glè àrd. Tha iad geal mìn-shìodach mar itean. Sgòthan glè àrd. Tha iad geal mìn-shìodach mar itean. 'S e sin *cirrus*. *Cirrus*. 2. Sgòthan meadhanach àrd. Tha iad cnapach cruinn, sgapte air feadh an adhair. Sgòthan meadhanach àrd. Tha iad cnapach cruinn, sgapte air feadh an adhair. 'S e sin *alto-cumulus*. *Alto-cumulus*. 3. Sgòthan ìosal. Tha iad mar chlàimh canaich. Sgòthan ìosal. Tha iad mar chlàimh canaich. 'S e sin *cumulus*. *Cumulus*.

Agus dè mu dheidhinn seo mar chomharra sìde anns na h-eileanan? *Deàlradh na maidne: The too brilliant sunny morning, foretelling showers and rain(!)* Chan eil math dhuinn a bhith ro dhòchasach mun aimsir, a bheil?!

* * * * *

Faclan is abairtean: tha mi a' toirt sùil a-rithist air: *I am looking again at*; Seòras Chaluim Sheòrais: *George, son of Calum [who was] son of George*; Beàrnaraigh: *[Great] Bernera*; tòimhseachan: tha sibh a' lorg rudeigin air grunn na mara: *you find something on the seabed*; crùn: *crown*; gàirdean: *arm*; fiacail: *tooth, fluke*; bas: *palm*; amhach: *throat*; gob: *bill*; calpa: *shank*; stoc: *stock*; gualann: *shoulder*; fàinne: *ring*; *acair*: *anchor*; rud a cheanglas bàta ri grunn na mara: *a thing that*

attaches a boat to the seabed; na seòrsaichean sgòthan anns an adhar: the types of clouds in the sky; geal mìn-shìodach mar itean: white [and] silky smooth like feathers; cnapach cruinn, sgapte air feadh an adhair: in globular masses, scattered throughout the sky; mar chlàimh canaich: like cotton wool; dè mu dheidhinn seo mar chomharra sìde anns na h-eileanan?: what about this as a weather-sign in the islands?; deàlradh na maidne: the shining, effulgence of the morning; chan eil math dhuinn a bhith ro dhòchasach mun aimsir, a bheil?!: it doesn't do us [any] good to be too optimistic about the weather, does it?!

ends